

*Tha Mairead NicPhàrlain ag innse mu a beatha agus mun obair aice.*

## Pàirt 1

Rugadh 's thogadh mi ann am baile beag air taobh siar na Gàidhealtachd. Cha robh Gàidhlig aig mo phàrantan ach chuir iad a-steach mi dhan Aonad Ghàidhlig sa bhun-sgoil ionadail. Bha a' Ghàidhlig aig mo sheanair 's mo sheanmhair agus bha mo phàrantan airson gum biodh an cànan agamsa. Tha mi cho taingeil gun d' fhuair mi cothrom a' Ghàidhlig ionnsachadh sa bhun-sgoil. 'S iomadh doras a dh'fhosgail i dhomh.

Lean mi orm leis a' Ghàidhlig san àrd-sgoil, ach bha ùidh agam cuideachd ann an Nuadh-eòlas agus Beurla. Mus do chrìochnaich mi san àrd-sgoil, bha fhios agam dè bha mi airson a dhèanamh; bha mi airson a bhith nam neach-lagha. Chaidh gu math dhomh anns na deuchainnean agus fhuair mi àite ann an Oilthigh Ghlaschu gus lagh a thoirt a-mach. Chòrd an t-oilthigh gu mòr rium agus bha cothroman gu leòr agam mo chuid Ghàidhlig a chleachdadh. Tha sgeama airson oileanaich le Gàidhlig aig Oilthigh Ghlaschu: Taigh na Gàidhlig. 'S e àite-fuirich a tha ann an Taigh na Gàidhlig do oileanaich aig a bheil an cànan. Fhuair mise àite anns an taigh seo. Cha bhi an fheadhainn a bhios a' fuireach ann a' pàigheadh uiread de mhàl ach tha aca ris a' Ghàidhlig a bhrosnachadh anns an oilthigh le bhith a' cur air dòigh tachartasan cànan. Chòrd an ùine a bh' agam ann an Taigh na Gàidhlig gu mòr rium agus fhuair mi eòlas air oileanaich eile a tha nan deagh charaidean dhomh chun an latha an-diugh.

## Pàirt 2

Chaidh gu math dhomh leis a' chùrsa a bha mi a' dèanamh san oilthigh, lagh. Nuair a thàinig an cùrsa gu crìch, chuir mi a-steach airson obair ann an Steòrnabhagh. Tha mi a-nise ag obair ann an oifis-lagha anns a' bhaile sin. Tha an obair inntinneach agus tha e a' còrdadh rium a bhith a' fuireach ann an Leòdhas.

Tha a' Ghàidhlig glè fheumail dhomh nam obair. Tha an cànan aig a h-uile duine a tha ag obair anns an oifis agus bidh sinn daonnan ga bruidhinn ri chèile. 'S e lagh croitearachd as motha a tha mi a' dèanamh agus bidh mi a' coinneachadh ri mòran chroitèaran. Tha dlùth-cheangal eadar a' Ghàidhlig agus croitearachd agus, nam bheachd-sa tha e freagarrach a bruidhinn nuair a bhios sinn ag obair air gnothaichean croitearachd. Tha a' Ghàidhlig air leth feumail cuideachd nuair a bhios mi a' dèiligeadh ri seann daoine. 'S e gnothach car eagalach a bhios ann dhaibh a thighinn a-steach a dh'oifis-lagha. Tha e iongantach mar a bhios iad a' fàs nas dòigheile nuair a bhruidhneas sinn riutha anns a' chiad chànan aca.